

**Bòrd MG ALBA**

Radisson Blu, Dùn Èideann

Diardaoin 26 Samhain 2015, 0900-1300

**Bòrd:** Magaidh Choineagan (sa Chathair) Jo NicDhòmhnaill  
Dùghall MacAmhlaigh Donaidh MacAmhlaidh  
Catriona Nic a' Phì Daibhidh Brew

**Luchd-obrach:** Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis)  
Ishbel NicIllInnein (Deasaiche Seirbheis) – an làthair bho 0900-1000

**0900-1000 Taisbeanadh agus ro-shealladh air programan BBC ALBA**

Chuir an Cathraiche fàilte air an Deasaiche Seirbheis chun choinneamh agus chaidh meal an naidheachd a chuir oirre ri linn a gealladh pòsaidh. Thug an Deasaiche Seirbheis seachad taisbeanadh air ro-shealladh air prògraman BBC ALBA san ùine ghoirid a tha romhainn. Chaidh an taisbeanadh a chomharrachadh agus taing a bhuileachadh oirre.

Chaidh còmhradh a chumail mu na draghan a bha aig a' Bhòrd mu ìre agus bitheantas Gàidhlig ann am prògraman. Chaidh aontachadh gun deidheadh pàipear a sgrìobhadh le sgioba coimeasanaidh na seanail, a' mìneachadh na slatan-tomhais a bha BBC ALBA a' cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil inbhe na Gàidhlig ann am prògraman cho àrd 's a ghabhas. Dheigheadh coinneamh a ghairm gus am pàipear seo a dheasbad agus gus poileasaidh soilleir a stèidheachadh. Dheigheadh seo a chuir fa chomhair Bòrd Co-bhanntachd BBC ALBA. (Gnìomh: AE)

## **1 Leisgeulan**

Buill: Iain Stephen Moireasdan, Alasdair MacCaluim

Oifigearan - Dòmhnall Caimbeul, Alan Esslemont

## **2 Gnothach Dearbhte**

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air prògraman telebhisein agus radio “Sealgairean Spòrsail” agus “Bàrdachd a’ Chogaidh Mhòir” (working title) a tha riochdaichte agus maoinichte leis a’ BhBC.

## **3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 26/8/15**

Aontaichte.

## **4 Gnothaichean ag èirigh**

Chaidh aontachadh gum bu choir structar nas cothromaiche a bhith air cuirm a’ Mhòid an ath bhliadhna airson dèanamh cinnteach gu faigh gach buidheann cothrom an teachdaireachd a chuir an cèill agus gu faigh aoghean toil inntinn às a’ chuirm.

(Gnìomh: IMT)

## **5 Fios bhon Chathraiche**

### ***DCMS***

Dh’innis an Cathraiche gun deach fios fhaighinn gu neo-fhoirmeil an-diugh sa mhadainn nach robhas dol a dh’fhaighinn an £1m bho DCMS bho 2015/16. Dheigheadh aithris fhoirmeil iarraidh bhon Riaghaltas gus soilleireachadh a dhèanamh air dè bha san amhairc dhaibh gus dèanamh cinnteach gu bheil craoladh Gàidhlig air a mhaoineachadh gu h-ìomchaidh agus cumar a’ sabaid airson an airgid.

### ***Plana Obrachaidh 2016/17***

Chaidh aontachadh, ged a dheigheadh còmhradh a dhèanamh le Ofcom a thaobh Plana Obrachaidh 2016/17, nach robhas ann an suidheachadh aonta fhaighinn air gus am biodh an

tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn mun ìre de mhaoineachadh a bhiodh ann bho Riaghaltas na h-Alba agus am BBC.

## **6 Fios bho Chathraiche Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

Thug Cathraiche na Comataidh iomradh air a' choinneamh a chaidh a chumail air 14/10/15. Aig a' choinneamh bha moladh ann bhon Chomataidh àrdachadh bannan-pàighidh de 1% agus buidseat de 1% airson àrdachaidhean taobh a-staigh bannan-pàighidh airson luchd-obrach airson 2016/17. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd.

## **7 Fios bho Chathraiche Comataidh Inbhean**

Chaidh aithris a dhèanamh air a' choinneamh a chaidh a chumail air 25/11/15.

## **8 Measadh Chunnartan**

Bha clàr nan cunnartan air beulaibh bhall, far an robh na prìomh chòig chunnartan air an comharrachadh. Chaidh aontachadh plana-gnìomh a dheasachadh gus dèiligeadh ris na cunnartan. (Gnìomh: NMG)

## **9 Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha pàipear air beulaibh bhall. Cha robh an t-Àrd-Oifigeir an làthair gus a dheasbad ach chaidh a chomharrachadh agus dheigheadh ceistean sam bith a chuir air an dèidh na coinneimh.

## **10 Aithisgean air leth**

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

## **11 Dèanadas Plana-obrachaidh 2015/16**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air.

## **12 Lèirmheas air Pasgain (cùmhnantan ioma-bhliadhnail eadar MG ALBA agus riochdairean)**

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' toirt fiosrachadh air lèirmheas a' chiad bliadhna de na Pàsgain. Rinn an Stiùiriche Ionmhais taisbeanadh air a' phàipear agus chaidh còmhraidh a chumail. Chaidh aontachadh barrachd a chuir ris a thaobh 1) inbhe Gàidhlig ann am prògraman agus 2) planadh airson sgilean a chumail aig àrd ìre nuair a tha daoine a' fàgail (succession planning). Dheigheadh an ath sgrùdadh a dhèanamh sa Ghearran/Mhàirt. (Gnìomh: NMG).

[GLÈIDHTE: puing coimearsalta mu aon riochdaire.]

### **13 Sgeama Tionndadh Eadar-nàiseanta**

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' moladh Sgeama Tionndadh Eadar-nàiseanta a stèidheachadh agus a' mìneachadh prionnsabalan an sgeama agus chaidh còmhraidh a chumail. Bha Buill riarichte ann am prionnsabal agus chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh coimhead an toiseach an gabhadh an sgeama a mhaoineachadh tro Edinburgh Festivals EXPO Fund Riaghaltas na h-Alba a tha gu sònraichte a' coimhead air eadar-nàiseanachadh. (Gnìomh: IMT)

### **14 Poileasaidh fo-thiotalan**

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' dèiligeadh ri 1) Seirbheisean Ruigse agus 2) Roghainnean teicnigeach airson fo-thiotalan a chur dheth. Fo 1), chaidh a chomharrachadh gun deach an uallach a chaidh a chuir air BBC ALBA le Ofcom a thogail. Fo 2) chaidh innse gun deach beachdachadh air a' chuspair aig Bòrd na Co-bhanntachd air 30/10/15. Chaidh gabhail ris a' chomhairle bhon BhBC agus MG ALBA, a thuilleadh air comhairle bho eòlaichean nach robh e comasach fo-thiotalan a thabhann agus gu feumar an cumail fosgailte.

Chaidh aontachadh gu foillsicheadh an co-bhanntachd fios ag innse mun chomhairle a fhuair e bho eòlaichean agus gun tèid cumail le fo-thiotalan eadar-theangachaidh fosgailte airson prògraman inbhich agus gun tèid coimhead air roghainnean airson prògraman a thabhann aig amannan sònraichte no air ùrlaran sònraichte leithid an iPlayer agus nach bi Seirbheisean Ruigse air BBC ALBA mar a bha an dùil. (Gnìomh DC: foillsich an rannsachadh air fo-thiotalan)

## 15 Ùrachadh Cairt Rìoghail a' BhBC

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh innse do Bhuill gu robhas ag obair air iomairt conaltraidh gus daoine a bhrosnachadh am beachdan a chuir gu Urras a' BhBC mun sgrùdadh air BBC ALBA/BBC Radio nan Gàidheal. (Gnìomh: IMT)

## 16 Prìomhachasan 2017-2022

### a) BBC ALBA – prìomhachasan 2017-2022

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Ann am prionnsabal, bha am Bòrd riarachaidh leotha ach dheigheadh pàipear eile, nuair a bhiodh fios mu mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus am BBC, a chuir fa chomhair a' Bhùird. (Action: DC)

### b) Lèirsinn 2016-2021

Bha pàipear air beulaibh Bhall. Bha Buill riarachaidh leis an Lèirsinn, ach gun deigheadh aithris ionmhasail a chuir ris. Dheigheadh fhoillseachadh aig Pàrlamaid na h-Alba air 17/12/15.

### c) Pasgain 2017

Bha pàipear air beulaibh Bhall leis a' chiad beachd air pasgain 2017.

Dheigheadh coinneamh shònraichte a chumail san Fhaoilleach gus deasbad susbainteach a chumail mu na pasgain. (Gnìomh: MAMI). Ron choinneamh seo, bhiodh ar poileasaidh a thaobh Gàidhlig ann am prògraman stèidhichte. Dh'aontaich buill gu robh e cudromach gun tuigeadh na companaidhean cho cudromach is a tha inbhe na Gàidhlig anns na prògraman bho shealladh a' Bhùird.

## 17 **Plana-obrachaidh 2016/17**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air. Mhìnich e an gearradh de 5% bho Riaghaltas na h-Alba agus gearradh de £1m bho DCMS. Chaidh scenarios eile a dheasbad leis a' Bhòrd cheana. Chaidh an Stiùiriche Ionmhais tron phàipear loidhne air loidhne agus bha am Bòrd ann am prionnsabal ag aontachadh leis na bh' ann. Thog an Cathraiche ceist an robh àm ann coimhead air structar na buidhne agus inbhe na co-bhanntachd. Mar a bha airgead dha lùghdachadh, an robh dòigh ann air seirbheisean fhaighinn bhon BhBC. Le faisg air ochd bliadhna bho thoiseach BBC ALBA, 's docha gu bheil e iomchaidh coimhead air dòighean ath-nuadhachadh a thoirt air structar na buidhne is a' cho-bhanntachd. Chaidh aontachadh gun dèanadh an Cathraiche còmhradh ris an t-Àrd-Oifigear mun seo.

Chaidh còmhradh a dhèanamh mu cho cudromach 's a bha e gun deigheadh teachdaireachd iomchaidh a sgaoileadh chun phobaill agus an luchd-ùidhe. Dheigheadh coinneamh a chumail madainn 21/12/15 gus builean na co-dhùnaidhean maoinachadh seo a dheasbad. (Gnìomh: MAMI)

Chaidh còmhradh a chumail mu dràma agus dh'fhàg an Cathraiche a' choinneamh.

Chaidh an luach a bhiodh ann am pasgan dràma a dhèanamh a dheasbad. A thaobh lùghdachadh ann am maoinachadh, 's e seo an dòigh as fheàrr gus àireamh àrd de uairean a thide fhaighinn airson nan cosgaisean sa bhuidseat. Dheigheadh an tuilleadh fios a chumail ri Buill. (Gnìomh: NG)

## 23 **GISBE**

Chaidh aontachadh gum biodh e buannachail do MG ALBA a dhol an sàs ann an [sgeama intern](#).